

Caroline Dear

**Sgeulachdan na Tìre –**  
Aon sheachdain anns an Iuchar

**Diluain**

Choisich sinn air an t-slighe  
slighe Mho-Luag 's a mhanaich  
bhon tobhta anns a' chladh  
gu làrach na manachainn – clachan 's tobar

àite seo na h-ùrnaigh  
àite seo na sìthe  
àite seo na seinn

Sheinn sinn anns an àite seo  
am measg a' chruidh – nì maiseach 's sìtheil  
na beathaichean beannaichte  
ulaidh bheò nan daoine

bò seo a' bhainne  
mart seo na càise  
m' eudail seo an ime

**Dimairt**

Dh'fhairich sinn na creagan 's a' ghrian  
a' dìreadh ceum a' Chuith-raing  
a' Phrìosain 's na Snàthaid  
a' chuairt mun cuairt bearraidh dorcha, trom

àite seo nam mac-talla  
àite seo nam fitheach  
àite seo nan sgeulachd

Dh'innis sinn sgeulachdan an àite  
Placag 's Peighinn a' cumadh an fhearainn  
Na Fir Bhreugach 's Grianan nam Maighdeann  
timcheall air a' Ghearraidh Chòinnich

mòinteach seo na h-eachdraidh  
mòinteach seo an dùthchais  
mòinteach seo na cuimhne

## **Diciadain**

Chuimhnich sinn nuair a bha sinn òg  
còig deug cat geal 's tobar an uisge shònraichte  
Tobar a' Cheaparnaich gun sùim innte an-diugh  
tì 's suiteis ann an taigh Ruairidh Dhòmhaill a' Chùirn

àite seo an t-sloinnidh  
àite seo nan atharrachaidhean  
àite seo nan ceanglaichean

Dh'èist sinn ri Lachaidh nan làmhan  
lámhan an eòlais, lámhan a' ghliocais  
ag obair leis na ràithean – cearcall na beatha  
ainmean an àite seo a' sleamhnachadh leis nan clachan

ainmean na tìre  
ainmean nan cleachdaidhean  
ainmean a chleachd na daoine

## **Diardaoin**

Choimhead sinn rùsgadh nan caorach  
pasgadh na clòimhe  
le midges, panecur 's coffee  
a' lùbadh a' chànain air mo theangaidh

àite seo nan Lochlannach  
àite seo muinntir na h-uamha  
àite seo nan croitearan

Dh'fhairich sinn a' mhòine – an tìr fosgailte  
le Druim Thròdairnis na chrìoch do ar lèirsinn  
a' mhòine ùr bhog 's daingeann  
o chionn fhada 's a-nis ri a thaobh

àm na h-eachdraidh  
àm a tha an-còmhnaidh  
àm a tha an làthair

**Dihaoine**

Chruinnich sinn duileasg, fosailean 's iomhaighean  
iomhaighean de na bradain a' snàmh a-nìos anns na lìn  
iomhaighean den luchd-obrach a' saothrachadh  
air an leathad chas, nan ceapan clò

àite seo nan creagan àrsaidh  
àite seo nam bonn airgead  
àite seo an dealain

An dealain a' riuth air mo cheann  
a' ceangal m' inntinn 's mo theanga  
an tìm a dh'fhalbh co-cheanngailte ris an-diugh  
an cànan, an tìr 's na daoine